

# Autism agus dà-chànanas: a bheil dà chànan a' dèanamh cron air clann le autism?

## PRÌOMH PHUINGEAN:

1

Chan eileas ach glè bheag de rannsachadh a dhèanamh air buaidh dà-chànanas air clann le autism.

2

Tha am beagan rannsachaidh a rinneadh gu seo air sealltainn nach eil adhbhar sam bith ann gun a bhith a' bruidhinn dà chànan ri clann le autism.

3

Chan eil èisteachd ri no ionnsachadh dà chànan a' cur maille sam bith air togail cànan (1); a' lughdachadh briathrachas chloinne (2); no a' cur bacadh air clann is iad ri conaltradh le clann eile (3).

4

'S math dh'fhaoidte gu bheil dà-chànanas fiù na bhuannachd. Thathas dhen bheachd gu bheil clann le dà chànan le barrachd dhòighean aca air rudan a mhìneachadh is le barrachd mac-meanmna nan cluich (4). Ach chan eil mòran fianais againn air seo.

5

Leis is nach eil mòran rannsachaidh air seo fhathast, 's e taghadh gu math pearsanta a th' ann dha pàrantan an tèid an cuid chloinne le autism an togail le dà chànan. 'S dòcha gum b' fhiach e smaoinichadh air na gnothaichean a leanas.

### Dè feum a th' ann an dà-chànanas?

'S dòcha gum biodh e na b' fhasa do phàrantan dèiligeadh rin cuid chloinne nan cànan màithreil. Le seo, dh'fhaodadh gum biodh seo na chuideachadh do phàrantan is iad a' conaltradh rin cuid chloinne gus dàimh nas treasa a bhith ann eatorra.

Ma tha clann eòlach air pàrantan a bhith a' bruidhinn cànan eile seach Beurla, 's math dh'fhaoidte gum bi e duilich dhaibh nan cluinneadh iad iad a' bruidhinn cànan eile.

Tha tuigse no comas bruidhinn cànan nam pàrant a leigeil le clann dàimhean nas treasa a bhith aca ris an teaghlach air fad - m.e. seanairean/seanmhairean is eile – is iad a' faireachdainn gu bheil iad mar fhìor phàirt de chruinneachaidhean teaghlaich.

Le tuigse no comas labhairt aig clann ann an cànan am pàrant, tha iad dualtadh barrachd tuigse a bhith aca air an dualchas aca.

Dh'fhaodadh dà-chànanas a bhith na bhuannachd dha comasan chloinne is piseach a' tighinn orra; chum eanchainn shùbailte; ionnsachadh mu dhòighean smaoinichaidh dhaoine eile; leantainn orduighean; agus conaltradh nas soilleire.

### A' cleachdadh aon chànan

Ma tha clann a' faighinn taic a bharrachd a thaobh cainnt is cànan no taic shònraichte bho neach-cuideachadh ann am Beurla, 's dòcha gum bi e duilich an t-ionnsachadh seo a thoirt dhachaigh mura h-eil Beurla ga bruidhinn aig an taigh.

Ma tha dàil sam bith air clann is iad a' togail cànan, 's dòcha gum bi iad slaodach a' dol tro na pròiseasan tro bheil clann dà-chànanach a' dol mas tòisich iad sa sgoil – rudan mar cleachdadh dà chànan san aon seantans. Dh'fhaodadh gum bi e nas duilghe do thidsearan a' chlann a tuigse.

'S dòcha gum bi e nas duilghe do phàrantan an dà chànan a chumail a' dol. Dh'fhaodadh gum bi iad airson gnothaichean a dhèanamh nas simplidh tro bhith a' bruidhinn na Beurla a-staigh an taigh.

'S math dh'fhaoidte gum bi e nas fhasa do phàrantan conaltradh sa Bheurla, gu h-àraidh mura h-eil misneachd gu leòr aca san dàrna chànan.

'S dòcha gur i Beurla an cànan is motha air a bruidhinn am measg cho-aoisean na cloinne sa sgoil agus sa choimhearsnachd.



## Iomraidhean

- [1] Ohashi, J. K., Mirenda, P., Marinova-Todd, S. H., Hambly, C., Fombonne, E., Szatmari, P.... The Pathways in ASD Study Team (2012). Comparing early language development in monolingual- and bilingual- exposed young children with autism spectrum disorders. *Research in Autism Spectrum Disorders*, 6, 890-897.
- [2] Hambly, C., & Fombonne, E. (2012). The impact of bilingual environments on language development in children with autism spectrum disorders. *Journal of Autism and Developmental Disorders*, 42, 1342-1352.
- [3] Reetzke, R., Zou, X., Sheng, L., & Katsos, N. (2015). Communicative development in bilingually exposed Chinese children with autism spectrum disorders. *Journal of Speech, Language, and Hearing Research*, 58, 813-825.
- [4] Valicenti-McDermott, M., Tarshis, N., Schouls, M., Galdston, M., Hottinger, K., Seijo, R., ...Shinnar, S. (2013). Language differences between monolingual English and bilingual English-Spanish young children with autism spectrum disorders. *Journal of Child Neurology*, 28, 945-948.



THE UNIVERSITY of EDINBURGH  
School of Philosophy, Psychology  
and Language Sciences



THE UNIVERSITY of EDINBURGH  
Edinburgh Medical School

Clinical Sciences

## Ùghdarran agus buidheachas

Chaidh a' bhileag fiosrachaidh seo a sgrìobhadh leis An Dr Sue Fletcher-Watson le taic-airgid tron Challenge Investment Grant on Bilingualism and Autism le Dr Hugh Rabagliati agus an Àrd-ollamh Antonella Sorace.

Chaidh a sgrìobhadh mar ghoireas fiosrachaidh dha pàrantan is proifeiseantaich sa choimhearsnachd. Tha e stèidhte air fianais bho rannsachadh is air eòlas proifeiseanta. Tha e gu h-àraidh freagarrach dha teaghlaidhean a tha a' fuireach ann am Breatainn ann an coimhearsnachdan Beurla ach aig a bheil cothrom air cànan eile a chleachdadh – m.e. is iad air an togail le cànan eile seach Beurla.

Eadar-theangachadh: Alasdair MacLeod [www.facal.co.uk](http://www.facal.co.uk)

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir thugainn fios:

Post-d: [sue.fletcher-watson@ed.ac.uk](mailto:sue.fletcher-watson@ed.ac.uk)

Fòn: 0131 537 6258

Seòladh puist: Patrick Wild Centre, University of Edinburgh, Hugh Robson Building, Edinburgh EH8 9XD